

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

SGOILTEAN GHÀIDHLIG CRUINN CÒMHЛА ANN AN DÙN ÈIDEANN

06 An Cèitean 2009

Bha faisg air 300 neach-cloinne bho air feadh Alba a' tighinn do phrìomh bhaile na dùthcha an t-seachdain seo a fhrithealadh an t-siathamh seachdain Ghàidhlig airson sgoiltean a tha air a chur air dòigh le Comann nam Pàrant le taic bho Comunn na Gàidhlig agus Fèisean na Gàidheal. Am bliadhna, bha an tachartas a' gabhail a-steach tursan aig An Lios Luibheach Rìoghail, An Gaileiridh Nàiseanta, An Taigh Tasgaidh Nàiseanta agus Our Dynamic Earth.

Bha sgoilearan à aiteachan cho fad air falbh ri Leòdhas, Tiriodh, Òban, Ulapul, Baile Dhubhaich agus Inbhir Nis a bharrachd air sgoiltean ann an mheadhan na duthaich a' faighinn buannachd às an sgeama ùr-ghnàthaichte seo a tha a' toirt Ghàidhlig a-mach às a' chlas le na diofar shuidheachaidhean ùra seo.

A rèir Magaidh Wentworth, Oifigear Phàrant aig Comann nam Pàrant:

"Tha cuairtean foghlaim uabhasach cudromach ann a bhith a' leasachadh a' chànan agus am faireachdainn a tha aig a' chlann a thaobh na Gàidhlig agus tha seo na chothrom dhaibh a bhith ag ionnsachadh tro chur-seachadan neo-àbhaisteach a tha tlachdmhor agus a tha air falbh bhon sgoil. Cuideachd tha e a' toirt cothrom dhuinn ìomhaigh na Gàidhlig a thogail ann am prìomh baile na dùthcha. Tha mi taingeil do Bhòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàdlig agus Fèisean nan Gàidheal airson an taic leis an turas."

Thuirt Rosemary Nic a' Bhàird a tha na Ceannard an Gnìomh aig Bòrd na Gàidhlig, a tha a' maoineachadh a' phròiseact seo:

"Tha an tachartas bhliadhnailean seo a' toirt fior dheagh chothroim do chloinn ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho air feadh Alba tighinn còmhla sa bhaile mhòr agus tlachd fhaighinn às an turas foghlam gu Dùn Èideann. Aig a' cheart àm tha iad a' cur eòlas air càch a chèile agus a' déanamh caraidean ùra agus a' cur a' chànan gu feum ann an suidheachadh is àrainneachd dhòigheil."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



GAEIC SCHOOLS WEEK IN EDINBURGH

06 May 2009

Almost 300 Gaelic-speaking children from around Scotland were in the capital this week for the sixth annual Gaelic Schools Week, organised by Comann nam Pàrant with support from Comunn na Gàidhlig and Feisean na Gàidheal. This year's event had activities at the Royal Botanic gardens, National Galleries, National Museum and Our Dynamic Earth. Pupils from as far afield as Lewis, Tiree, Oban, Ullapool, Tain and Inverness as well as schools from the Central Belt enjoyed the opportunity to use Gaelic outwith the classroom in a wide range of different situations.

Magaidh Wentworth, of Comann nam Pàrant, explained:

"Educational visits are so important for children's development and perception of the language and this event provides an opportunity to learn through enjoying a number of more unusual activities through the medium of Gaelic. It also provides an opportunity to raise the profile of the language in the capital city. I am grateful to Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig and Fèisean nan Gàidheal for their support with the event."

Rosemary Ward, Acting Chief Executive at Bòrd na Gàidhlig, which is funding the project, added:

"This annual event provides an ideal opportunity for Gaelic-medium pupils from across Scotland to come together in a city environment and enjoy the educational benefits that Edinburgh has to offer, while also forming new friendships and using their language in a social setting."